

> A' CÒCAIREACHD RI LINN GEARRADH-DEALAIN

Ma tha cucar dealanach agad, chan obraich e ri linn gearradh an dealain. Thoir barrachd aire le modhan-còcaireachd sam bith eile. Cùm àireamh den bhiadh nach tèid am mùthadh ann an canastairean agus de bhiadh ann am pacaidean, agus biodh fosglair-chanastairean ri làimh agad.

Na cleachd stòbh-campaiddh, barbecue a ghabhas giùlan, gual-loisgte air a lasadh no gineadair ann an àite air iathadh mar an dachaigh agad a-chaoidh. Chaidh an dealbhadh gus an cleachdadh air a' bhàl a-muigh a-mhàin. Tha na h-innealan seo feumach air gaothrachadh cunbhalach agus thèid aca air carbon monoxide puinnseanach a chruthachadh. Ma tha thu a' cleachdadh stòbh-campaiddh a-muigh, thoir barrachd aire. Na atharraich cartraistean gas-campaiddh air an taobh a-staigh no faisg air tùsan-losgaidh a-chaoidh.

Ma tha amharas ort gu bheil aoidion sa ghas, cuir dheth gach innealan agus prìomh chòmhlaidh nan siolandairean, fosgail na dorsan is na h-uinneagan gu lèir agus na smoc is na cuir air suidsean no innealan dealanach sam bith gus a bheil thu air cead fhaighinn. Dh'fhaodadh an gearradh-dealain tighinn gu crìch aig àm sam bith.

> TEASADAIREAN A GHABHAS GIÙLAN

- Cùm teasadairean air falbh bho chùirtaran agus àirneis agus na cleachd iad a-chaoidh gus aodach a thiomachadh.
- Cuir dheth teasadairean a ghabhas giùlan nuair a thèid thu a-mach, mura bheil thu san t-seòmar, no mus tèid thu dhan leabaidh.
- Ma ghabhas e dèanamh, daingnich teasadairean ann an àite gus an cunnart gun tèid am bualadh thairis a lùghdachadh.
- Na cleachd ach teasadairean le gas no ola-ghuail ann an àrainnean air an deagh gaothrachadh. Bidh teasadairean a' caitheamh ogsaidean agus faodaidh àrainnean air an iathadh gas cronail a chruthachadh agus/ no puinnseanachadh carbon monoxide adhbharachadh.
- Cuir a-steach lorgair Carbon Monoxide anns gach seòmar anns a bheil teasadairean le gas no ola-ghuail.
- Na cleachd teasadairean-gas a ghabhas giùlan ann am flataichean ag èirigh gu h-àrd a-chaoidh.
- Atharraich na siolandairean-gas a-muigh daonnan. Na atharraich siolandairean-gas ann an àite air iathadh a-chaoidh.
- Tha iad seo a' losgadh connadh agus faodaidh iad carbon monoxide puinnseanach a chruthachadh.
- Na gluais teasadair le gas no ola ann am botal a-chaoidh nuair a tha e air lasadh.

> CÙM FIOS

Ri linn gearradh-dealain is dòcha nach bi cothrom air na h-àiteachan àbhaisteach airson fios mar thelebhisean, radio, fòn agus an t-eadar-lìon. Cùm ri fiosrachadh le radio a ghabhas giùlan a' cumail ris an stèisean-radio ionadail agad. A bharrachd air radíos gan obrachadh le bataraidh, am measg nan roghainnean tha radíos a ghabhas toinneamh no le cumhachd na grèine.

Cumaidh teàrrdsear ga thoinneamh le làimh no am broinn càir am fòn-làimhe agad air ghleus – cuimhnichean am fòn a thoirt air falbh nuair a bhios e air a theàrrdseadh gu h-iomlan gus bataraidh a' chàir a ghleidheadh.

> CUIDEACHADH IS COMHAIRLE

Cùm fios ri làimh mu loidhne-chuideachaidh companaidh an dealain – faodaidh gun tèid aca air a ràdh cuin a thig an dealan air ais, air neo dh'fhaodadh gum biodh brath ann leis an fhiosrachadh as ùire. Sàbhail na h-àireamhan seo san fhòn agad. Cùm copaidh den bhileig seo, no de na h-àireamhan seo, nad acfhainn Power Cut no àiteigin air a bheil cothrom gun strì.

CEANN A TUATH NA H-ALBA

Scottish and Southern Power Distribution
Bho loidhne-thalmhainn: **0800 300 999**
Bho fhòn-làimhe: **0345 072 1901**
www.ssepd.co.uk/powertrack

MEADHAN AGUS CEANN A DEAS NA H-ALBA

SP Energy Networks
Bho loidhne-thalmhainn: **0800 092 9290**
Bho fhòn-làimhe: **0330 1010 222**
www.spenergynetworks.co.uk/pages/power_cuts

Tadhail air www.firescotland.gov.uk gus comhairle phractaigeach fhaighinn mu shàbhailteachd-teine. No bruidhinn ris an luchd-smàlaidh ionadail agad. Gheibh thu fios mu chonaltradh air an làraich-lìn, anns an leabharlann ionadail agad agus ann an leabhar nam fòn.

Ma tha thu ag iarraidh copaidh den sgrìobhainn seo ann an riochd eadar-dhealaichte no dreach ann an cànan eile, cuiribh fios gu **0800 0731 999**.



SCOTTISH
FIRE AND RESCUE SERVICE
Working together for a safer Scotland

Translated and printed with funding from Bòrd na Gàidhlig

v1.2 Màirseal 2021

Gus CUIRT AN-ASGAIDH MU SHÀBHAILTEACHD-TEINE AIG AN DACHAIGH a chur air dòigh Cuir fòn gu **0800 0731 999** Cuir teacs 'FIRE' gu **80800** no tadhail air www.firescotland.gov.uk



@SFRSYourSafety



Fios.

Faodaidh gabhail cheuman **mus tachair gearradh-dealain** dearbhadh gu bheil thu cho sàbhailte is a ghabhas.



SCOTTISH
FIRE AND RESCUE SERVICE
Working together for a safer Scotland

> AG ULLACHACH AIRSON GEARRADH-DEALAIN

Gabh ceuman an-dràsta fhèin gus am bi thu ullamh ma thachras gearradh-dealain.

- Cùm co-dhiù aon bhiùgan le bataraidhean ann an àite air an ruig thu e gun strì. Ma tha barrachd air aon neach a' fuireach anns an dachaigh agad, gabh beachd air biùganan a bharrachd a bhith agaibh airson gach duine.
- Gabh beachd air solais gan obrachadh le bataraidh a cheannach.
- Cùm solar lionmhar de bhataraidhean ùra airson biùganan, solais is radios san taigh, agus cùm iad uile ann an àite air am faodar ruigsinn.
- Cùm co-dhiù aon fhòn a dh'obraicheas ann an gearradh-dealain, mar eisimpleir fòn loidhne-thalmhainn àbhaisteach a ghabhas plugadh a-steach no fòn-làimhe. Tha mòran fhònaichean ùra nach obraich gun dealan a' phrìomh lionra.
- Gabh beachd air acfhainn Power Cut a chur ri chèile a tha furasta fhaighinn anns a bheil biùganan, solais gan obrachadh le bataraidh agus fòn loidhne-thalmhainn àbhaisteach a ghabhas plugadh a-steach.
- Ma tha e san amharc agad teasadairean le gas no ola-ghuail a chleachdadh, cuir a-steach Iorgair Carbon Monoxide anns gach seòmar far am faodar na teasadairean a chleachdadh.
- Gabh beachd air solar bidhe nach tèid am mùthadh ann an canaichean is ann am pacaidean agus fosglair-canastair.
- Feuch a bheil nàbaidhean so-leònte sam bith air an ullachadh gu math cuideachd.

> RABHADAIREAN-TOITE IS RABHADAIREAN-TEASA

Dèan cinnteach gu bheil rabhadairean-toite ag obrachadh agad. Gabh beachd air rabhadair-teasa a chur sa chidsin agad gus rabhadh tràth a thoirt dhut mu theine san dachaigh. Ma tha rabhadairean agad a tha ceangailte ris a' phrìomh lionra, bidh cùl-taice cumhachd bataraidh aca.

Dèan cinnteach gu bheil na bataraidhean ag obrachadh an-còmhnaidh na do chuid rabhadairean. Cùm bataraidhean a bharrachd. Obraichidh rabhadairean-toite is rabhadairean-teasa fhathast ri linn gearradh-dealain, a' toirt rabhadh dhut gu tràth ma dh'èireas teine.

> CUIR DHETH RI LINN GEARRADH-DEALAIN

Cuir uidheam dealanach dheth, ach a-mhàin solas no radio gus am bi fios agad cuin a thathar air an dealan a thoirt air ais. Cuir dheth bacan-teine air cucaran dealanach.

> CÙM SÙIL A-MACH AIRSON NÀBAIDHEAN

Ma tha nàbaidhean so-leònte no aosta agad, dh'fhaodadh tu an cuideachadh le bhith a' dearbhadh gu bheil iad sàbhailte, cofhurtail agus, nuair a ghabhas e dèanamh, biadh no deoch bhlàth aca, ged nach biodh ann ach searrag de dh'uisge teth.

> SOLAS RI LINN GEARRADH-DEALAIN

Ma dh'fhairtlicheas air an dealan, cleachd solais no biùganan gan obrachadh le bataraidh mar sholas. Am measg nan roghainnean eile tha biùgan a ghabhas toinneamh, maidean-deàrrsaidh no solas-crathaidh.

Ma dh'fheumas tu coinnlean a chleachdadh, dèan cinnteach gun cùm thu ris an stiùireadh mu shàbhailteachd sa bhileig seo. Ma chleachdas tu lampa-gas no lampa le ola-ghuail, dèan cinnteach gu bheil e ag obrachadh mar as còir agus ga chleachdadh ann an àrainn air a gaothrachadh. Ma bhios tu ag iarraidh an solas a cheannsachadh, bu chòir bolgan le voltachd iseal a chleachdadh. Na cuir solais no bolgain a-chaoidh faisg air cùirtearan no aodach eile. Na cuir aodach a-chaoidh air na solais agad oir faodaidh iad fàs tuilleadh is teth agus dol nan teine.

> TEAS RI LINN GEARRADH-DEALAIN

Ri linn gearradh-dealain, chan fhada gus am fàs taigh gun teas ga ghineadh fuar. Tha e cudromach mar sin chan e dìreach gun cùm thu blàth, ach gun cùm thu blàth gu sàbhailte. Cuir aodach blàth umad a' cleachdadh iomadh sreath de dh'aodach.

Cùm blàth le bhith a' fuireach ann an aon seòmar, no fiù san leabaidh. Chan obraich goileadairean teasachaidh-mheadhain gun dealan. Cumaidh plaide air an duvet am fuachd anns an oidhche air falbh. Dùin cùirtearan is còmhlaichean (ma tha iad agad) gus call an teasa tro na h-uinneagan a lùghdachadh.

> COINNLEAN

Tha coinnlean gan cleachdadh gu tric ri linn ghearraidhean-dealain. Tha solais no biùganan gan obrachadh le bataraidh nas sàbhailte mar roghainn. Ach ma bhios tu a' cleachdadh coinnlean, tha e cudromach gun tèid an cleachdadh gu sàbhailte.

- Dèan cinnteach gu bheil coinnlean air an lasadh gan cumail ann an coinnlean agus nach gabh am bualadh thairis. Faodaidh gum bi thu ag iarraidh dèanamh cinnteach gu bheil coinnlean a bharrachd ullamh rin cleachdadh agad ma dh'èireas gearradh-dealain.
- Na cleachd coinnlean mar sholas nuair a bhios tu a' gluasad bho sheòmar gu seòmar. Cleachd biùgan nan àite. Na gluais coinnlean air an lasadh a-chaoidh.
- Cùm coinnlean gu math air falbh bho rud sam bith a dh'fhaodadh dol na theine, leithid cùrtairean, cairtean, pilleanan, telebhiseanan no sgeilpichean fhèin.
- Na fàg coinneal air a lasadh leis fhèin – fiù fad diog no dhà. Ri linn cumhachd-dealain is dòcha gum biodh e na bhuaireadh dhut coinnlean fhàgail air lasadh mun taigh. Ach faodaidh coinnlean sradagan a thogail no tuiteam, ag adhbharachd teine. Na las coinnlean ach ann an seòmar a tha thu a' cleachdadh.
- Ma bhios tu a' dol a-mach, no a' dol a chadal, dèan cinnteach gu bheil na coinnlean air fad air am mùchadh mar as còir an toiseach.
- Na fàg coinneal air lasadh ann an seòmar-cadail a-chaoidh.
- Cùm coinnlean. Iasadain agus lasadairean thoiteanan far nach ruig clann orra agus na cuir coinnlean air lasadh a-chaoidh far am faodar an leagail thairis le clann no peataichean an teaghlaich.
- Cuir coinnlean daonnan air uachdar/coinnlean a sheasas ri teine. Bi gu sònraichte faiceallach le solais-oidhche is solais-ti, a dh'fhaodadh fàs teth gu leòr gus plastaig a leaghadh no teine a chur ri stuth so-loisgeach.
- Bidh coinnlean le fàileadh a' dol nan lionn gus an cuid cùbhraidheachd a leigeil mu sgaoil, mar sin loisg iad daonnan ann an soitheach freagarrach de ghlainne no de mhiotal a sheasas ris an teas bhon lionn agus air nach urrainn dhan lionn leanmhainn.
- Cha bu chòir coinnlean a' bhlàir a-muigh a chleachdadh a-staigh a-chaoidh.
- Na cuir do thaic thairis air coinneal – dh'fhaodadh tu am falt no an t-aodach agad a chur nan teine.
- Cleachd smàlair no spàin daonnan gus coinnlean no solais-ti a mhùchadh.